



An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD.
www.ancomunn.co.uk Fòn 01851 703 487. Post-d: marina@ancomunn.co.uk

Facal bho Neach-gairm a' Chomataidh Ionadail

Tha an obair ullachaidh a-nis a' tighinn ri chèile airson a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a bhios a' gabhail àite an Dùn Omhain eadar an 12mh & an 20mh den Dàmhair 2012. Tha Comataidh sònraichte ann, a tha gu math eòlach air ullachadh airson Mòd. Tha iad fhèin agus a' choimhearsnachd a' coimhead air adhart ri fàilte a chur air muinntir na Gàidhealtachd, daoine à Alba agus Sasainn agus às gach ceàrnaidh den t-saoghail.

Tha an Comataidh air a bhith trang a' cumail chèilidhean agus tachartasan sònraichte eile thairis air na trì bliadhna chaidh seachad, gus airgead a chruinneachadh, airson am Mòd a chumail an Dùn Omhain. Tha raffle mòr aca an dràsta agus tha iad air 20,000 ticead a' sgaoileadh air feadh na dùthcha! Thèid duaisean an raffle a thoirt seachad air Dihaoine an 19mh den Dàmhair, ann an Talla na Ban-rìghinn aig Dannsa Criochnachaidh a' Mhòid.

Tha an Comataidh cinnteach gur e Mòd soirbheachail a bhios ann agus gur e àite air leth freagarrach a th' ann an Dùn Omhain airson Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail.

Thathas ag obair gu cruaidh an dràsta gus am baile a sgeadachadh le flùraichean, brataichean agus iomadach seallaidhean bòidheach, gus dèanamh cinnteach gum bidh an àite a' coimhead cho tarraingeach 'sa' ghabhas.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh nas fhaide air adhart anns a' chuairt-litir seo.

Dick Walsh

Message from the Local Committee Convener

Plans are now well advanced for the hosting of the Royal National Mod in Dunoon from 12th to 20th October 2012. The very experienced Local Mod organising committee and the community are looking forward to welcoming Gaels from all parts of Scotland, England and abroad.

To assist with the financing of the arrangements the Local Organising Committee have been busy over the last three years arranging ceilidhs, attending local fund raising events and are currently promoting a grand raffle with super prizes. Some 20,000 books have been distributed locally and throughout Scotland with the raffle being drawn on Friday 19th October at the Final Dance in the Queens Hall.

Dunoon promises to live up to its much guarded reputation that it is the ideal venue for hosting the Royal National Mod.

As part of this arrangements are well advanced for presenting the Town in a visually very attractive and colourful way with the streets being decorated with profusions of colour from the floral garden displays, street banners and bunting.

Further details can be found later on in this newsletter.

Dick Walsh



12th - 20th October 2012

Mòd Ionadach na Dreòlluinn
(Mull)
7 & 8 Sultain (September)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/mull>
rionawhyte551@gmail.com

Mòd Ionadail Dhail Riata
(Dalriada)
15 Sultain (September)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/dalriada>
christinejohnston66@sky.com

Mòd Ionadail Taobh Siar Rois
(Wester Ross)
21 Sultain (September)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/wester-ross>
kerry.maclennan@btinternet.com / mairimacneill1@live.co.uk

Mòd Ionadail Taobh an Iar-Dheas Rois
(South West Ross)
21 Sultain (September)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/sw-ross/ga>
bi.smith@btopenworld.com

Mòd Ionadail Bharraigh is Bhatarsaigh
(Barra & Vatersay)
21 & 22 Sultain (September)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/barra>
jdouglasmacneil@aol.com

Coinneamh Bhliadhail Mòd Obar Pheallaidh

Mòran taing dhuibh airson an taic a tha sibh a' toirt do Mhòd Obar Pheallaidh, mar farpaiseach, britheamh, cathraiche, stiùbhard, neach-teagasg, ball air a' Chomataidh no càil sam bith eile – tha gach duine agaibh a' dèanamh obair chudthromach gus Mòd Ionadail a thoirt dhuinn!

Thèid Coinneamh Bhliadhnail a chumail anns an Taigh Òsta Rìoghail air an 3mh den t-Sultain, aig 7f.

Tha sinn an dòchas gum bidh mòran dhaoine an làthair, oir 's e an 90mh Mòd a bhios againn ann an 2013 agus tha sinn an dòchas gur e am Mòd is fheàrr fhathast!

Ma tha sibh airson leth-bhreac den gheàrr-chunntas bho na coinneamhan mu dheireadh fhaighinn agus clàr-ama airson an fhear seo, cuiribh fios thugainn.

Ma tha sibh airson an fhiosrachadh seo a sgaoileadh do dhuine a tha sibh a' smaoinneachadh a bhiodh airson tighinn don Choinneamh Bhliadhnail, bhiodh sin math dha rìreabh.

Chì sinn sibh ann an trì seachdainean!

*Catriona Stiùbhart
(Neach-taic Rùnaire)*

Aberfeldy Provincial Mod AGM

Thank you for your interest in Aberfeldy Mod whether through competing, adjudicating, chairing, stewarding, teaching, a committee member or just being a general helper - all are important roles which together help us hold a successful Mod!

This years AGM will take place in The Royal Hotel, Dunkeld from 7pm on Monday 3rd September.

We hope to see as many of you as possible as 2013 is our 90th Year of existence and hopefully our biggest and best Aberfeldy Mod yet!

If you wish to receive the minutes of our last AGM and EGM together with this years agenda please feel free to get in touch.

Please feel free to distribute this information round your local areas, friends and anyone else who may be interested in attending the AGM.

Look forward to seeing you all in 3 weeks!

*Catherine Stewart
(Assistant Secretary)*

AN COMUNN GAIDHEALACH

Ag adhartachadh agus a' neartachadh na Gàidhlig
Advancing and strengthening Gaelic



Na Mòdan Ionadail

Provincial Mòds

Na Mòdan Ionadail—tachartasan Gàidhlig anns a' choimhearsnachd
Provincial Mòds—Gaelic language and cultural festivals in the community

Cultar/Culture

Cànan/Language

Ceòl/Music

Dè a th'anns a' Mhòd? / What is the Mod?

Faodaidh clann's inbhich pàirt a ghabhail ann am farpaisean òrain 's ciùil, litreachais, dràma, dannsadh Gàidhealaich, piobaireachd, clàrsaich agus iomadh inneal-ciùil eile.

The Mod features competitive events for children and adults in Gaelic music and song, Literature, Highland Dancing, Drama, Piping, Clarsach, Fiddle and other instruments.

*Ma tha sibh airson fiosrachadh mun Mhòd Ionadail agaibh a chur dhan chuairt-litir seo cuiribh fios thugainn
If you wish to include any information about your Provincial Mod in this newsletter please email details to:*

marina@ancomunn.co.uk



Mod Ionadach na Dreòlluinn

Thathas trang an dràst ag ullachadh airson Mòd Ionadach na Dreòlluinn, aon de na Mòdan is motha a bhios a-ruith gach bliadhna. Thèid a chumail ann an Tobairmhoire air Dihaoine an 7mh & Disathairne an 8mh den t-Sultain. Tha barrachd farpaisich air cuir a-steach airson Mòd na bliadhna seo agus tha sinn toilichte leis na h-àireamhan.

Fhuair sinn taic bho Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid, Bòrd na Gàidhlig agus Urras an Còd Puist gus luchd-teagasg a chur timcheall na sgoiltean ionadail anns na mìosan a chaidh seachad, agus tha e soilleir gu bheil seo air toirt air barrachd cur a-steach airson na farpaisean. Bidh farpaisean còmhraidh, beul-aithris, seinn agus ionnsramaidean a' gabhail àite dhan òigridh Dihaoine.

Thèid farpaisean nan inbheach a chumail Disathairn, agus, leis gu bheil Mòd Mhuile air a chumail beagan sheachdainean ron Mhòd Nàiseanta Rìoghail, bidh na farpaisich airson cothrom fhaighinn sgioblachadh sam bith a dhèanamh air na pìosan aca ron uairsin. Bidh farpaisich bho cho fada air falbh ri Cataibh is Dùn Èideann a' tighinn airson pàirt a ghabhail agus tha sinn toilichte gu bheil 8 còisirean againn am bliadhna.

Bidh taisbeanadh sònraichte againn am bliadhna cuideachd bhon Ionad Phiobaireachd Nàiseanta. 'S e 'Noting the Tradition' a th' air a' phròiseact a bhios a coimhead ri Piobaireachd thairis air na 5 bliadhna a chaidh seachad.

Mur an robh sibh a-riamh aig Mòd Ionadach na Dreòlluinn, nach tig sibh ann! Thèid fàilte chridheil a chur air seann charaidean agus feadhainn ùr cuideachd.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig:
www.mullmod.org.uk

Mull Provincial Mod

Quickly becoming one of the most popular Mòds on the circuit, Mòd Ionadach na Dreòlluinn is gearing up for another busy weekend. The Mull Provincial Mòd takes place in Tobermory on Friday 7th and Saturday 8th September and is promising to be one of the busiest yet. Entries are increased across the board and we are delighted with the spread of competitors.

Thanks to funding from Argyll & Bute Council, Bòrd na Gàidhlig and The Postcode Trust, tutors have been visiting local schools for the past few months and this has resulted in a bumper crop of entries in the Junior section. Across the variety of competitions, youngsters will converse, recite, sing and play musical instruments to attract the attention of the adjudicators and win a prize on the Friday.

Senior competitors will take to the stage on Saturday and, as the Mull Mòd takes place just a few weeks before the National Mòd, competitors will be looking for that final critique to polish their performances. Competitors travel from around the country from Caithness in the north to Edinburgh in the south to compete and we are fortunate enough to have 8 Senior Choirs attending this year.

The Mull Provincial Mòd will also play host to a new exhibition from the National Piping Centre - 'Noting the Tradition' - an oral history project on Piping over the past 50 years.

If you haven't visited the Mull Provincial Mòd before, it is well worth the trip! We are looking forward to meeting old friends and welcoming new ones.

Further information is available from our website:
www.mullmod.org.uk



Tuilleadh bhon Neach-gairm

Tòisichidh an t-seachdain againn air Dihaoine 12^{mh} den Dàmhair le Seirbheis Fosglaidh a' Mhòid ann an Talla na Banrighinn. Bidh na co-fharpaisean a' tòiseachadh air Disathairne le ceòl na pìoba agus iomadh co-fharpais ciùil eile. Aig toiseach na seachdain bidh farpaisean cloinne an Sgoil Ghràmar Dhùn Omhain agus sgoiltean ionadail eile. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh ann am Prògram a Mhòid.

Tha disco gu bhith air a chuir air dòigh dha clann ann an Taigh-òsta Ghleann Mhòraig air oidhche Dhimàirt.

Thèid seirbheis Eaglais agus Adhradh Ceilteach a chumail an Eaglais Naomh Eòghainn agus an Talla na Ban-rìghinn am meadhan a' bhaile air Didòmhnaich 14mh den Dàmhair.

Bidh na fairpaisean uile a' gabhail pàirt sa bhaile no faisg air meadhan a' bhaile, agus bidh soidhnichean ann ag innse càite a bheil gach farpais. Gheibhear mapa le tuilleadh fiosrachaidh nas fhaisg air an àm. Bidh parcadh faisg air gach àite cuideachd.

Tha àite bidhe gu bhith aig Bun-sgoil Kirn Disathairne a' Mhòid agus ann am Bun-sgoil Dhùn Omhain eadar 9m agus 4f bho Diluain gu Dihaoine tron t-seachdain. Thèid seirbheis brot agus ceapairean a chuir air dòigh le buidhnean eaglaisean ionadail air Diciadain, Diardaoin agus Dihaoine. Tha seo a bharrachd air na h-àitichean bidhe eile tha ri faighinn ann am meadhan a' bhaile.

Tha seirbheisean còmhdhail air leth gu bhith againn. Tha aiseag gu bhith a' ruith air ais agus air adhart gu Dùn Omhain le seirbheis anmoch cuideachd. Tha companaidhean busaichean agus tacsì gu bhith ruith sa bhaile. Tha aon chompanaidh bus gu bhith toirt seirbheis air ais agus air adhart à Glaschu a stad aig Port-adhar Ghlaschu. Tha ceanglan againn cuideachd le Stèisean rèile Ghlaschu. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu dhòighean siubhal bhon Chomataidh Ionadail an Dun Òmhain. Ma tha ùidh aig duine cuideachadh a thoirt seachad le dràibheadh na busaichean cuiribh fios gu Mgr John Hackett air 01369 706963 airson tuilleadh fiosrachadh.

Tha sgioba stiùbhairdean gu bhith a' toirt taic tron t-seachdain. Ma tha ùidh agaibh cuideachadh an Comataidh Ionadail le stiùbhardadh nach cuir sibh fios gu Bh ph Aline Caimbeul air 01369 830447. Tha oifis gu bhith aig a' Chomataidh Ionadail an Talla na Banrighinn tron t-seachdainn.

Ma tha àite-fuirich/rùmanan agaibh agus gu bheil sibh deònach an toirt seachad air màl dha luchd-siubhal a' Mhòid nach cuir sibh fios chun Bh ph Rona Large air 01369 700061.

Tha sinn an dòchas gun còrd am Mòd agus an t-seachdain an Dun Òmhain ribh.



More from the Convenor

Friday 12th October our week will begin with our opening ceremony in the Queens Hall. Competitions will begin on Saturday with piping and music competitions and the early part of the week hosting the Children's competitions at Dunoon Grammar School and other local schools. See the Mod programme for the venue details.

A children's disco is planned for all children at the Glenmorag Hotel on Tuesday.

Sunday 14th October our ecumenical service and celtic praise will take place at St Johns Church and Queens Hall located in the centre of Town.

The competition venues will all be located in and around the Town Centre areas with the venues being well signposted. Watch out for our detailed town centre map highlighting all our venues. Parking will be available and close to all venues.

Catering facilities over and above those provided commercially in the Town centre will be available during Mod week at Kirn Primary School on Saturday and at Dunoon Primary School from 9am until 4pm Monday to Friday as well as a Soup and Sandwich lunch service being provided by one of our local church groups on Wednesday, Thursday and Friday.

We will have available quality transport arrangement with an efficient and regular ferry service to and from Dunoon with some late ferries as well as quality integrated local bus and taxi services. One operator provides an integrated bus service to and from Glasgow calling at Glasgow Airport and we have integrated links with the rail service from Glasgow. Our local bus services will enable Gaels visiting Dunoon to travel around all the competition venues. Detail on transport services will be available from the local organising committee. Anyone interested in volunteering to drive our local mini bus transport please contact Mr John Hackett at 01369 70 6963 for details and requirements.

All our venues will have a presence of friendly stewards to assist with any advice or support that you may need. If you would like to support the Local Organising Committee with stewarding please contact Mrs Aline Campbell at 01369 830 447. Members of the organising committee will have an office at the Queens Hall and other venues and will be available all week also to assist.

If you have any available accommodation and would like to let this out to Mod visitors during Mod week please contact Mrs Rona Large at 01369 70 0061.

We hope that you will enjoy our arrangements and your stay while in Dunoon.



12th - 20th October 2012

Teachdaireachd bhon Chomataidh Ionadail!

Abair gu bheil cùisean a' fàs trang ann an Dùn Omhain a-nis, le dìreach 7 seachdainean ri dhol mus tèid am Mòd fhosgladh!

Tha barrachd a' lorg àitichean-fuireach a-nis agus tha a h-uile daoine aca air leabaidh fhaighinn chun a seo.

Tha Bùth a' Mhòid a' dèanamh math, tha iad air tòrr stuth fhaighinn airson a reic agus tha iad air treallaich airgid a dhèanamh le seo. Tha bathar Mòd 2012 a-nis ri fhaighinn sa' Bhùth cuideachd, no air an làrach-lìn againn.

Bha dà chèilidh againn bho chionn ghoirid agus madainn cofaidh, agus chaidh gu math dhuinn aig gach tachartas. Taing mhòr dhan a h-uile duine a thug taic dhuinn!

Am-measg nan tachartasan eile a bhios againn, bidh sinn a' cumail 'Tombola' air an 22mh den Lùnastal agus bidh chèilidh againn ann an Strachur san t-Sultain cuideachd.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn airson tachartasan eile!

Tha sinn ag obair gu cruaidh gus cùisean a tharraing ri chèile agus tha sinn a' coimhead air adhart ri fàilte a chur oirbh uile a Dhùn Omhain san Dàmhair!

Message from the Local Committee

With only 7 weeks to go now until the Mod kicks off, things are hotting up now in Dunoon!

Enquiries regarding accommodation are picking up and all have been successfully filled to date

A rise in quality donations at the shop have increased the sales and the shop is doing well. The shop is stocking Mod 2012 items and these are also available via our website.

We recently hosted two cèilidhs and a coffee morning, both of which were very successful, thank you to all who came along and donated!

Our forthcoming events include the Kirn Gala Tombola on the evening of 22nd August and a cèilidh at Strachur Hall in September.

Check out the website and keep up to date on any events.

We're all working away behind the scenes as the Mod comes ever closer and we look forward to welcoming you all to Dunoon in October!



GRAND PRIZE DRAW

1ST Prize: £3, 000

2nd Prize: £2, 000

3rd Prize: £1, 000

Plus many other consolation prizes.

**Draw will take place on
Friday 19th October 2012 @ Mod Dance**

www.dunoonmod2012.org



Tha Fèis air leth inntinneach air a chuir air dòigh. Tòisichidh an Fhèis le Cuirme-chiùil nam Fìdhleirean agus cuirmean a' Mhòid a bhios a' ruith tron t-seachdain. Thèid dannsa mòr a chumail air Dihaoine 19mh Dàmhair agus tha diofar chòmhlain-ciùil ainmeil gu bhith cliuch anns na taighean-òsta agus na taighean-seinnse tron t-seachdain.

Ma tha ùidh agaibh pàirt a ghabhail le bhith seinn no a' cliuch cuiribh fios gu Mgr Ian Wilson air 01369 703620. Tha dùil againn gum bi program an Fhèis leis an fhiosrachadh air fad ri fhaighinn san t-Sultain.

Thig an t-seachdain gu crìch le Cuirme nan Còisir an Gàraidhean Earra Ghàidheil agus gheibhear brot agus ceapairean an Talla na Ban-rìghinn às dèidh làimh.

An exciting Feis is planned that will begin with our traditional Fiddlers rally, and Mod concerts and then run alongside the Mod competitions from the early part of Mod week and will continue until the final dance in the Queens Hall on Friday 19th October. Well known and renowned Ceilidh Bands will perform in all of the local Hotels and Public Houses throughout the week.

Spontaneous Ceilidhs will be welcomed so if you are willing to participate through song, music contact the local organising committee (Mr Ian Wilson 01369 70 3620) for assistance. We plan to have our detailed programmes for the feis and activities available for all in September so make sure you access our programmes.

The massed choir event proposed for the Argyll Gardens area will bring Mod week to a conclusion with soup and sandwich lunches for all participants being available in the Queens Hall.

Tachartasan seachdain a' Mhòid!

Thairis air seachdain a' Mhòid, bidh feadhainn de na seinneadairean & cluicheadairean is ainmeil an Alba a' toirt thugaibh na cèilidhean a leanas:

Taigh Òsta Ghleann Mhòraig

Trail West à Tiriodh – Diluain gu Diardaoin

Eriskay Lilt – Dihaoine

Taigh Òsta na Pàirce

Deoch N Dorus – Diciadain gu Dihaoine

Na 'Braes'

Fergie Dòmhnallach – Diluain gu Dihaoine

Ingrams

Iain Aonghas MacLeòid às na Hearadh – Diciadain gu Dihaoine

McClures

Gunna Sound à Tiriodh – Diciadain gu Dihaoine

Sinbads

Iain MacAoidh & a charaidean à Leòdhas – Diciadain gu Dihaoine

51st State

Charlie Kirkpatrick à Eilean Ì – Diciadain gu Dihaoine

Events During Mod Week!

During the week of the Mod many of the local pubs and hotels in Dunoon will be hosting some of Scotlands top Ceilidh Artistes. The provisional list is as follows

Glenmorag Hotel

Trail West from Tìree – Monday to Thursday

Eriskay Lilt – Friday

Park Hotel

Deoch N Dorus – Wednesday to Friday

The Braes

Fergie MacDonald – Monday to Friday

Ingrams Bar

Iain Angus MacLeod from Harris – Wednesday to Friday

McClures Bar

Gunna Sound from Tìree – Wednesday to Friday

Sinbads

Iain McKay and friends from Lewid – Wednesday to Friday

51st State

Charlie Kirkpatrick from Iona – Wednesday to Friday



Tillibh Duaisean a' Mhòid

Tha an ceann latha airson tilleadh duaisean a' Mhòid air ais thugainn a' tighinn faisg – **Dihaoine 31 Lùnastal 2012**. Dèanaibh cinnteach gu bheil iad air an glanadh agus gu bheil sibh air ainmeanan a chur orra ron cheann latha seo. Tha ceudan de dhuaisean againn agus feumaidh sinn an clàradh agus dèanamh cinnteach gu bheil iad ceart gu leòr nuair a thig iad a-steach. Mar sin, mur a tèid an tilleadh chun a' mhionaid mu dheireadh, bheir sin tòrr a bharrachd obair dhan luchd-obrach, aig àm nuair a tha an oifis cho trang co dhiù! Mar sin, dèanaibh cinnteach gun till sibh iad ann an tìde, gus nach bidh briseadh-dùil aig na farpaisich air latha nam farpaisean!

Return of Trophies

*The deadline is looming for all Mod trophies to be returned to us – that's **Friday 31st August 2012**. Please ensure your trophies are returned engraved and polished by the closing date. There are several hundred trophies in total which we have to check and record. Therefore if they are returned late, this can create a lot of extra work for staff at a time when the office is already busy! To avoid disappointment for new prize-winners on the day of competitions, please ensure that trophies are returned to us on time!*

Foirm Iartras airson Ticeadan

Bidh sinn a' sgaoileadh Foirmean Iartrais a dh' aithghearr airson Prògraman agus Ticeadan a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail. Bidh na foirmean seo a' dol a-mach gu Buill a' Chomuinn. Bidh e cuideachd ri fhaighinn air an làrach-lìn againn agus ma tha sibh ag iarraidh oirnn leth-bhreac a chur thugaibh sa' phost, cuiribh fòn gu Rena ann an oifis Inbhir Nis air 01463 709 705 no post-d gu rena@ancomunn.co.uk.

Ticket Order Form

We will shortly be distributing Order Forms for Programmes and Tickets for this year's Royal National Mod. These will be sent out to all An Comunn Members and will also be posted on our website. If you would like a copy sent to you in the post as well you can contact Rena on 01463 709 705 or email her on rena@ancomunn.co.uk.

Prògraman agus Ticeadan

Bidh Prògram Oifigeil a' Mhòid ri fhaighinn nas fhaig air an àm. Gheibhear fiosrachadh mu na farpaisean, cò na farpaisich a th' anns gach farpais, càite am bidh iad a' gabhail àite na bhroinn. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn airson faighinn a-mach cuin a bhios e ri fhaighinn!

Gheibhear cuideachd ticeadan eadar-dhealaichte, prògraman agus Prògram Iomall a' Mhòid ann an Dùn Omhain fhèin nas fhaig air an àm. Ach, chun an uairsin, faodar tadhal air Bùth a' Mhòid, faodar bathar Mòd 2012 a cheannach, no dìreach cothrom coinneachadh ri feadhainn de bhuill a' Chomataidh!

Tha Bùth Mòd Dhùn Omhain aig:
31 Sràid Earra Ghàidheil, Dùn Omhain.

Programmes and Tickets

The Official Mod Programme, detailing all competitions, venues, competitors, times etc will be made available in due course. Keep an eye on our website to find out when it is available!

Various tickets and programmes, as well as the Mod Fringe Programme will also be available nearer the time in Dunoon itself. In the meantime, why not call in to the Mod shop to pick up some Mod 2012 merchandise, or to meet with some of the Committee members!

*The Dunoon Mod 2012 shop is located at:
31 Argyll Street, Dunoon.*

AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL



Taisbeanadh na Gàidhlig

Tha Taisbeanadh Gàidhlig a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail a' toirt cothrom math do luchd-siubhail, farpaisich agus luchd-taic a' Mhòid, eòlas fhaighinn air na daoine a tha ag obair ann an saoghal na Gàidhlig agus a' toirt seachad seirbheisean Gàidhlig. 'Se cothrom a th' ann cuideachd faicinn dè na seirbheisean a tha ri fhaighinn gu h-ionadail cuideachd.

Mar is tric, bidh rudan mar leabhraichean, cds, pìosan ealain, dealbhan agus mar sin air adhart. Am measg an fheadhainn a bhios a' gabhail pàirt anns an Taisbeanadh, bidh buidhnean mar Comhairle nan Leabhraichean, MG Alba, Sabhal Mòr Ostaig, SNH, Stòrlann, Comunn na Gàidhlig agus Pròiseact nan Ealain.

Am bliadhna tha an Taisbeanadh gu bhith stèidhichte an teismadhan tachartasan a' Mhòid, ann am Pàilleann a bhios taobh a-muigh Talla na Ban-rìghinn, am meadhan Dùn Omhain. Bidh gu leòr a' dol againn. Biadh is deoch bhon sgìre fhèin, ceòl beò agus gu leòr eile airson ur tàladh a-steach chun Taisbeanadh!

The Gaelic Showcase

The Showcase at the Royal National Mòd represents an excellent opportunity for all the visitors, competitors and others attending the Mòd to find out more about people involved in providing Gaelic language and Gaelic-related products or services, and to see what is on offer from the local area.

Products exhibited regularly at each National Mòd include books, CD's, artworks, photography and crafts. Exhibitors who regularly participate at the Royal National Mòd include Comhairle nan Leabhraichean (Gaelic Books Council), MG Alba, Sabhal Mòr Ostaig, SNH, Stòrlann, Comunn na Gàidhlig and the Gaelic Arts Agency (Pròiseact nan Ealan).

This year, the Showcase will have pride of place in a marquee outside the Queens Hall, right in the centre of Dunoon - in the heart of the activity during the week. We will have lots happening to entice you in - tastings of local food and drink, music and much much more!

'S e Aoghas Dòmhnallach, Ball-Pàrlamaid na h-Alba, a' rugadh an Leòdhas, an neach-cathrach ùr a th' air Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Chaidh Mgr Dòmhnallach, (duine a bhuinneas de teaghlach ainmeil le tuathanas ann an Steòrnabhagh,) a thaghadh an uiridh a' riochdachadh roinn-taghadh roinn-phàrlamaid na h-Eaglais Bric an Ear, agus thuirt e;

“Tha mi toilichte a bhì nam neach-cathrach ùr den Bhuidheann Thar-phàrtaidh Gàidhlig Pàrlamaid na h-Alba. Le Plana ùr Nàiseanta na Gàidhlig air fhoillseachadh an t-seachdain seo tha e follaiseach gu bheil tòrr obair ri dhèanamh airson brosnachadh agus taic a thoirt dhan chànan anns a' choimhearsnachd agus ann am foghlam. Tha a' Bhuidheann Thar-phàrtaidh a' toirt cothrom dha Buill Pàrlamaid Albannach anns gach pàrtaidh beachdachadh air cuspairean co-cheangailte ris a' chànan agus tha mi a' coimhead air adhart ri dèanamh cinnteach gum bidh Gàidhlig air ceann na h-iomart agus air inntinn na Buill anns na mìosan agus na bliadhnaichean a tha ri teachd.”

Rinn Aonghas Dòmhnallach obair mhòr gus am Mòd Nàiseanta Rìoghail a thoirt dhan Eaglais Bhreac ann an 2008 agus 'b e an Neach-gairm a bh' air a' Chomataidh Ionadail sin cuideachd. Tha e cuideachd an sàs ann am Forum Gàidhlig na h-Eaglaise Brice, a chuidich e a stèidheachadh as dèidh soirbheachas Mòd 2008 agus a tha a' dèanamh obair mhòr gus a' Ghàidhlig a leasachadh anns an sgìre sin.

Lewis-born Angus MacDonald MSP has become the new Convener of the Scottish Parliament's Cross Party Group for Gaelic.

Mr MacDonald who comes from a well-known Stornoway business and farming family, and was elected to the Parliament last year to represent the Falkirk East constituency said:

“I am delighted to be the new convener of the Scottish Parliament's Cross Party Group on Gaelic. With the launch of the new National Plan for Gaelic 2012-2017 at the end of June it is clear that much work needs to be done in encouraging greater support for the language in the community and in education. The Cross Party Group allows MSPs from all parties to discuss the challenges and successes of the Gaelic language and I very much look forward to ensuring Gaelic is at the forefront of MSPs minds in the months and years to come”

Angus MacDonald was instrumental in attracting the Royal National Mod to Falkirk in 2008 and was the Convener of the Local Organising Committee. He also helped form the Falkirk Gaelic Forum following the success of the Falkirk Mod, which now acts as a pressure group to increase awareness of Gaelic in Falkirk district.

Cinn Latha Feumail!**Mòd Phàislig 2013 Cèilidh & Dannsa**

le Grant MacPhàrlainn
(a bhuannaich farpais Mòd Phàislig 2013 airson Fonn Ùr)
Dihaoine 31 Lùnastal
Ionad Wynd, 6 Slighe na Sgoile, Pàislig
7f gu anmoch

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig
[facebook.com/modphaislig2013](https://www.facebook.com/modphaislig2013), post-d gu
modphaislig2013@yahoo.co.uk no
cuiribh fòn gu Ealasaid air 07535514385

Dates for your Diaries!**Mòd Phàislig 2013 Cèilidh Dance**

with Grant MacFarlane
(Winner of the Mòd Phàislig 2103 tune competition)
Friday 31 August
The Wynd Centre, 6 School Wynd, Paisley
7.30pm 'til late

For further details go to [facebook.com/modphaislig2013](https://www.facebook.com/modphaislig2013),
email modphaislig2013@yahoo.co.uk or
call Ealasaid on 07535514385

MADAINNEAN COFAIDH, DÙN OMHAIN

Taing mhòr dhan h-uile duine a thàinig chun chiad mhadainn cofaidh againn ann an Dùn Omhain. Tha sinn 'n dòchas gun robh deagh latha agaibh!

Bidh Clì Gàidhlig a' ruith dà mhadainn cofaidh eile ann an Dùn Omhain timcheall air àm a' Mhòid. Bheir na madainnean neo-fhoirmeil seo cothrom dhan choimhearsnachd an cuid Gàidhlig a chleachdadh mus tig tachartas mòr na bliadhna agus tha sinn 'n dòchas gun toir e luchd-ionnsachaidh is fileantaich ionadail cruinn còmhla. Tha fàilte air a h-uile duine aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig tighinn chun nan tachartasan.

Taigh-Òsta Glenmorag, Dùn Omhain

Disathairne 29 Sultain 2012 11am – 1f
Disathairne 3 Samhain 2012 11.00 – 1f



Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fios gu Clì Gàidhlig:
robyn@cli.org.uk, 01463-226841

COFFEE MORNINGS, DUNOON

A big thank you to everyone who came along to our first coffee morning in Dunoon earlier this month. We hope you had a good day!

Clì Gàidhlig will be running two more coffee mornings in Dunoon around the time of the National Mòd. These informal mornings will give the community an opportunity to practice their Gaelic before the year's big event and we hope it will bring local learners and fluent speakers together. Everybody with an interest in Gaelic is welcome to come along to the events.

Glenmorag Hotel, Dunoon

Saturday 29 September 2012 11am – 1pm
Saturday 3 November 2012 11am – 1pm



For more information please contact Clì Gàidhlig:
robyn@cli.org.uk, 01463-226841

Meur Inbhir Nis – Pacadh Bhagaichean!

Disathairne 8 Sultain
Tesco (Inshes)

Bidh Comataidh Meur Inbhir Nis aig Tesco air an latha seo a' pacadh bhagaichean – ma tha sibh deònach an cuideachadh, cuiribh fios gu Rena NicAsgaill air:
01463 709 705.

Inverness Branch Bag Pack!

Saturday 8 September
Tesco (Inshes)

The Inverness Branch will be in Tesco bag-packing this day.
If you are willing to give a hand please contact
Rena NicAsgaill air:
01463 709 705.

Mòd Phàislig 2013 100 Club

Meal a naidheachd air A Fearghasdan, P Moss agus A Bochanan a fhuair duaisean Club 100 an luchar!

Ma tha sibh airson pàirt a ghabhail ann an
Club 100 Mòd Phàislig 2013
cuiribh fios gu: modphaislig2013@yahoo.co.uk
no cuiribh fòn gu Ealasaid air 07535514385

Mòd Phàislig 2013 100 Club

Congratulations to A Ferguson, P Moss and A Buchanan who were the winners for the July 100 Club draw!

If you are interested in joining the Mòd Phàislig 2013
100 Club email modphaislig2013@yahoo.co.uk
or call Ealasaid on 07535514385



Co-bhanntachd Gàidhlig - Consairt

Thèid consairt sònraichte a chumail aig Mòd Nàiseanta Rìoghail air an 17mh den Dàmhair, far am bidh sàr-sheinneadairean Wilma NicUalraig agus Seumas Greumach agus sàr-chluicheadairean Màiri agus Calum MacLeòid a' comharrachadh ceangal leantainneach corr air 120 bliadhna eadar seann chànan is seann ionnstramaid na h-Alba.

Le seann òrain agus òrain ùr, gheibhear dealbh den turas bhon chiad Mhòd ann an 1892 suas chun latha an-diugh.

Chaidh consairt eile a chumail mar phàirt de dh' Fhèis Eadar-Nàiseanta nan Clàrsach sa' Ghiblean agus se cothrom eile a tha seo airson an tachartas sònraichte seo fhaicinn.



Gaelic Partnership - Concert

A special concert will take place at this year's Royal National Mod in October.

Featuring two accomplished Gaelic singers, National Mòd Gold Medallists, Wilma Kennedy and James Graham along with multi-talented harpists Màiri and Calum Macleod, this concert celebrates 120 years of unbroken links between the National Mòd and the clàrsach.

Old and new songs from the bilingual foursome will chart a fascinating illustrated account of this journey from the first Mòd in 1892 through to today's links with local and National Mòds.

A previous concert took place earlier this year at the Edinburgh International Harp Festival, so this is another chance to see this special collaboration.



Airson tuilleadh fiosrachadh mu Chomunn nan Clàrsaich / For further information on The Clàrsach Society, please contact:

Michelle Kelly, Rianadair / Administrator
Comunn na Clàrsaich / The Clarsach Society
Out of the Blue Drill Hall
36 Dalmeny Street,
Edinburgh
EH6 8RG

Tel - 0131 554 0212
clarsach.society@hotmail.co.uk



Piping Live 2012

Chaidh Tom agus Raonaid Mitchell gu Fèis Piping Live na bliadhna seo, eadar an 6mh & 10mh den Lùnastal ann an Glaschu.

Chan e a h-uile duine a bhios airson seasamh aig bòrd airson seachdain, ach chòrd an t-seachdain gu mòr ri Tom agus Raonaid. Bha bòrd aca ann am pàilleann ann an Ceàrnag Sheòrais, far an robh iad a' toirt seachad fiosrachadh agus billeagan mun Chomunn agus mun chànan fhèin.

Choinnich iad iomadach piobair agus luchd-turais a bh' air siubhail a Ghlaschu airson an Fhèis mìorbhail seo, no na 'Worlds' mar a chanas iad a-nise.

"Thàinig daoine bho gach ceàrnaidh dhan t-saoghail a bhruidhinn rinn," thuirt Tom. "Daoine à Canada, Astràlia, a' Ghearmailt agus Ameireaga, a' lorg fiosrachadh mun bhuidhean agus mun Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

Thadhail fear à Sasainn a bha air cùrsa a dhèanamh aig SMO, Uibhisteach a bh' air a dhol dhan arm Ameireaganach ach air sgàth's gur e in-imriche bh' ann, chan fhaodadh e a dhol a shabaid ann an dùthaich sam bith eile. Mu dheireadh chaidh e dhan Phoileas agus tha e a-nise sa' Chòmhlann Pioba aca. Duine gu math inntinneach.

Choinnich sinn cuideachd ri nurs à Sìona a tha an dòchas a dhol gu Mòd Dhùn Omhain agus aoghair à Sìona a tha an dràsta a' leughadh a' Bhìoball Gàidhlig.

Bha seachdain air leth inntinneach againn a' coinneachadh ri daoine mar seo. Bha an t-side math a chuid as motha den àm cuideachd"

Fhuair Tom agus Raonaid cothrom cuideachd air an oidhche `Chiadain a dhol gu "Òrain nam Piobairean" ann an Ionad Nàiseanta nam Piobairean, tachartas sònraichte far an robh Breabach, Kathleen NicAonghais agus a caraidean a' gabhail pàirt le Calum Rois mar Fhear an Taighe.

Tha "Turas Piping Live na Mitchells" stèidhichte mar phàirt de chlàr-ama a' Chomuinn gach bliadhna, agus gu dearbh tha sinn uamhasach taingeil agus moiteil dha Tom agus Raonaid airson an obair mhòr a tha iad a' dèanamh dhan Chomunn, dhan Mòd agus dhan chànan.



Piping Live 2012

Tom and Rae Mitchell attended Piping Live in Glasgow from Monday 6 until Friday 10th August 2012.

Standing behind a stall for a week may not be for the faint-hearted but Tom and Rae took it in their stride and enjoyed the week. The stall was in the Marquee in George Square, and provided information and literature about An Comunn Gàidhealach and the Gaelic language in general.

They met numerous pipers and other visitors to Glasgow for the magnificent event that Piping Live and "the Worlds" has now become.

"We had lots of people coming to talk to us, people from all over the world Canadians, Australians, Germans and Americans, all asking about our Organisation and the Royal National Mod" explains Tom.

"We had an Englishman who spoke Gàidhlig, he had been on a course in SMO on Skye, we also had a Uistman who had joined the American Army, he could not be sent to fight in any other Country as he was an Immigrant, he then joined the police and is still serving and is in their Pipe Band, it was very interesting talking to him.

We had a nurse from China who was hoping to go to the Mod in Dunoon and very surprisingly we had a young Chinese Pastor who told us at the moment he is reading the Gàidhlig Bible.

It was a very interesting week for Rachel and I meeting all sorts of different races, the weather was good to us except Monday when it poured, the rest of the week the sun shone brightly".

In addition to looking after the stall Tom and Rae had the opportunity to attend "Orain nam Piobairean", with Breabach, Kathleen MacInnes and Friends and the able Fear an Taigh, Calum Ross. This event was on the Wednesday evening in the National Piping Centre.

The "Mitchell Mòd warm-up at Piping Live" is now a well established part of the An Comunn diary and we are grateful to Tom and Rae for their long and unstinting efforts to support the work of An Comunn Gàidhealach, the Mòd and the Gaelic language.

Pictured Left: Field Marshall Montgomery Pipe Band, World Champions 2012



Eisteddfod

GENEDLAETHOL CYMRU



Chaidh aon de na Fèisean is ainmeil anns an t-saoghal, an Eisteddfod Nàiseanta, a chumail eadar an 4mh agus an 11mh den Lùnastal anns a' Chuimrigh. Bha rudeigin ann a chòrdadh ris a h-uile duine – ceòl, dannsa, ealan, tachartasan teaghlaich agus mòran eile.

'Se àite sònraichte a th' anns a' 'Phàillean Phinc' ann an sgìre na 'Maes', far am bidh na prìomh fharpaisean agus seirbheisean cultarail a' gabhail àite. Tha ceudan de thachartasan eile a' gabhail àite thairis air an t-seachdain air feadh na sgìre, le suas gu 300 bùird, tha mòran ri cheannach agus tha rudeigin ann dhan a h-uile duine.

'B ann an 1892 a chaidh am Mòd Nàiseanta a stèidheachadh, as dèidh turas a rinn riochdairean bhon Chomunn Gàidhealach don Eisteddfod. Tha an Eisteddfod uamhasach taiceil dhan Mhòd agus tha An Comunn taingeil airson an ceangal a tha eadar an dà bhuidheann.

'B e Seumas Greumach agus Iain Moireasdan na riochdairean Albannach a bha an làthair aig an Eisteddfod am bliadhna agus abair gun deach fàilte chridheil a chur air an dithis aca fhad's a bha iad ann. Thuirt Iain Moireasdan "Thairis air na 30 bliadhna chaidh seachad tha cànan na Cuimrigh air na h-aon duilgheadasan fhulang 's a tha a' Ghàidhlig a' fulang an dràsta. Fhuair iad seachad air na duilgheadasan sin agus tha iad ann an suideachadh an-diugh nach saoiladh iad o chionn ginealach air ais. Tha Cardiff mu 10 mìle air falbh bho far an deach Eisteddfod 2012 a chumail. Tha 24 Sgoiltean ann an Cardiff a' teagasg tromheadhan na Cuimris. Tha mòran phàrantan ann a tha a' cur an cuid chloinne do na sgoiltean seo, ged nach eil an cànan aca fhèin, ach tha iad a' toirt taic dhan chànan mar seo.

Tha e misneachail gu bheil iad air a dhol bho suidheachadh làn mì-chinnt gu suideachadh cho fallain ri seo, agus tha e comasach dhuinn ann an Alba, an aon rud a choileanadh.

The National Eisteddfod, one of the world's great festivals, was held from 4-11 August at the old Llandow airfield near Cowbridge, in the Vale of Glamorgan, Wales. Music, dance, visual arts, original performances, family activities – there is something for everyone at the National Eisteddfod.

The Pink Pavilion is the focal point of the 'Maes', where the official competing and main cultural ceremonies are held, but there's hundreds of other activities all over the Maes throughout the week, and with up to 300 stalls and trade stands, it's a shopper's paradise, with gifts of all kinds to suit every pocket.

The National Mòd was founded in 1892 after a delegation from An Comunn Gàidhealach visited the Eisteddfod and undertook to set up a festival along similar lines in Scotland. A debt of gratitude is due to the Eisteddfod and the Welsh festival is, to this day, a strong supporter of the National Mòd.

James Graham and John Morrison attended the Eisteddfod as the representatives of Scotland and were met with goodwill and kindness during the visit. Both representatives were delighted with the reception they received and the goodwill that they encountered. John Morrison noted that "all of the issues that the Gaelic language faces at the moment have confronted the Welsh language over the last thirty years. They have overcome the challenges and are now in a situation that they could not have imagined a generation ago. Cardiff was less than 10 miles from the 2012 Eisteddfod and the city of Cardiff now boasts 24 Welsh Medium Primary Schools. Many of the children who attend these schools have parents who do not speak Welsh but who have committed to the language through the children. It is hugely encouraging that they have moved from a situation of uncertainty to one of hope and it is possible for us to achieve a similar outcome in Scotland."



www.eisteddfod.org.uk



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh
 Taigh a' Mhorair Leverhulme
 Ceàrnag Phearsabhail
 Steòrnabhagh
 Eilean Leòdhais
 HS1 2DD
 Fòn: 01851 703 487
 Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis
 Taigh Bhail an Athain
 40 Sràid Hunndaidh
 Inbhir Nis
 IV3 5HR
 Fòn: 01463 709 705.
 Post-d: rena@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office
 Leverhulme House
 Perceval Square
 Stornoway
 Isle of Lewis
 HS1 2DD
 Telephone: 01851 703 487
 Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office
 Balnain House
 40 Huntly Street
 Inverness
 IV3 5HR
 Telephone: 01463 709 705.
 Email: rena@ancomunn.co.uk

Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, cuiribh an fhiosrachadh gu:
marina@ancomunn.co.uk
 no cuiribh fòn air 01851 703 487.

What's on?

Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish us to publish in this newsletter?

If so, please forward any information to:
marina@ancomunn.co.uk
 or telephone 01851 703 487.

www.ancomunn.co.uk

Taing mhòr dhan a h-uile duine a chur fiosrachadh thugainn airson a chuairt-litir seo.

Many thanks to all those who have contributed information for this newsletter.